

MODHAN SGRÌOBHAIDH


- ARGAMAID, COMHAIRLE AGUS BU AidH



A' SGRÌOBHADH ARGAMAID

'S e am prìomh phuing mu bhith a' toirt seachad argamaid na do chuid sgrìobhaidh gu feum thu coimhead air gach taobh den argamaid agus tighinn gu co-dhùnadh a tha soilleir. Chan eil e coltach le bhith ag argamaid no a' deasbad le do charaidean, far a bheil thu dìreach ag ràdh an rud a tha thu a' smaoinichadh. Tha thu a' sgrìobhadh argamaid gus dearbhadh gu bheil thu comasach breithneachadh chothromach a thoirt seachad.

A' SGRÌOBHADH AIRSON COMHAIRLE A THOIRT SEACHAD



Nuair a tha thu comhfhurtail le bhith ag argamaid agus a' toirt buaidh air daoine le do sgrìobhadh, bu chòir gum biodh e furasta gu leòr comhairle a thoirt seachad. Feumaidh tu gabhail air do shocair gun a bhith ro bheachdail. Bu chòir an stoidhle agad a bhith càirdeil. Cuimhnich gu bheil thu airson taic agus comhairle a thoirt seachad.

Mar eisimpleir, ma tha thu a' sgrìobhadh airson comhairle a thoirt seachad do leanabh a tha a' gluasad gu baile ùr agus a dh'fheumas sgoil ùr a fhrithealadh. Tha làn fhios againn nach eil seo gu bhith furasta – feumaidh iad caraidean ùr a dhèanamh agus bidh mòran atharraichean a' gabhail àite. Le sin, feumaidh co-fhaireachdainn a bhith agad agus feumaidh beachdan a bhith agad a bhiodh nan cuideachadh.

Bu chòir gach beachd eadar-dhealaichte a tha agad airson taic a thoirt don leanabh a chur ann am paragraf ùr. Tha an stoidhle a chleachdas tu gu math cudromach. Cleachd facail leithid, dh'fhaodar, 's docha – tha facail mar seo ga do stiùireadh gun a bhith ro bheachdail agus làidir.

MODHAN SGRÌOBHAIDH - ARGAMAID, COMHAIRLE AGUS BUaidH



A' SGRÌOBHADH GUS BUaidH A THOIRT AIR DAOINE.

Nuair a tha thu a' feuchainn ri buaidh a thoirt air daoine le do chuid sgrìobhaidh, tha thu a' cleachdadh stoidhle a tha gu math sònraichte. Cha leig thu a leas gach taobh den argamaid a thaisbeanadh idir – dìreach na beachdan agad fhèin.

Mar eisimpleir, tha thu a' sgrìobhadh gus toirt air daoine am briosgaid teoclaid sònraichte seo a cheannach. Dh'fhaodadh tu mìneachadh cho blasta sa tha e, cho saor sa tha e an coimeas ri feadhainn eile agus cho ma sa tha thu a' faireachdainn às dèidh dhut ithe. Chan eil e idir gu diofar cò air a bheil thu a' sgrìobhadh. 'S e an t-amas agad toirt air daoine a cheannach.

BEAGAN COMHAIRLE:

Feumaidh tu fhèin a bhith cinnteach mus toir thu buaidh air cuideigin eile. Nuair a tha thu a' sgrìobhadh bidh a daingneachadh do phuingean a-rithist agus a-rithist.

Tha e daonnan nas tlachdmhoire a bhith a' leughadh cho math sa tha am beachd-smuain agadsa an coimeas ri cho dona sa tha beachdan dhaoin' eile. Bi misneachail agus dòchasach le na puingean agad!

Na gabh dragh ma tha thu a' faireachdainn gu bheil thu ag ràdh an aon rud a-rithist agus a-rithist – bi daoine a dìochuimhneachadh agus le bhith ga ràdh tric cuimhnichidh iad!

Cleachd facail leithid "sin" agus "mi".

Bi a' cleachdadh cheistean. Carson? Uill, tha iad a' toirt air daoine smaoinichadh. Cuideachd, tha an leughadair a' faireachdainn mar phàirt den sgrìobhadh agad. An cleachd sibhse iad anns an sgrìobhadh agaibh? Mura cleachd, carson?

Cleachd faireachdainn làidir airson do bheachd a chur an cèill. Smaoinich mu na facail a tha thu a' cleachdadh. Faodaidh facail a bhith cumhachdach dha rìreabh agus faodar buaidh làidir a thoirt air an leughadair ma chleachdas tu iad ann an dòigh iomchaidh!